

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Seanadh Whitby (2)

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at fios@learngaelic.scot. This is Litir 1,181. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 877 corresponds to Litir 1,181.

Ann an Nicaea, faisg air Constantinople, anns a’ bhliadhna trì cheud, fichead ’s a còig (325), rinn muinntir nan Eaglaisean Crìosdail co-dhùnadh cudromach. Dh’aontaich iad mar a bhiodh iad a’ tomhas cuin a bhiodh a’ Chàisg ann a h-uile bliadhna.

Bhite a’ cumail na Càisge air a’ chiad Didòmhnaich an dèidh na gealaich làin an dèidh co-fhad-thràth an Earraich. *The first Sunday after the full moon that follows the Spring equinox.* A’ chiad Didòmhnaich an dèidh na gealaich làin an dèidh co-fhad-thràth an Earraich.

Bidh a’ Chàisg a’ gluasad bho bhliadhna gu bliadhna. Bidh i ann eadar an dàrna latha fichead dhen Mhàrt agus an còigeamh latha fichead dhen Ghiblean.

Nise, cha robh sin na chùis deasbaid aig Seanadh Whitby ann an Northumbria ann an sia ceud, seasgad ’s a ceithir (664). Bha an fheadhainn a bha a’ leantainn chleachdaidhean Ì (na ‘Ceiltich’) agus an fheadhainn a bha a’ leantainn nan cleachdaidhean Ròmanach (na ‘Ròmanaich’) aontaichte air na cùisean sin.

Bha diofaran ann eatarra, ge-tà. Am measg nan diofaran, bha an latha air an tuiteadh co-fhad-thràth an Earraich. Do na Ceiltich b’ e sin an còigeamh latha fichead dhen Mhàrt. Do na Ròmanaich thuiteadh e air an aonamh latha fichead dhen Mhàrt. Bho àm gu àm, bhiodh a’ Chàisg air làithean eadar-dhealaichte eadar an dà bhuidhinn. Dh’fhaodadh an diofar eatarra a bhith mòr.

Bha Rìgh Northumbria, Oswiu, airson a’ chùis a rèiteach. Bha e ag iarraidh gum biodh **a h-uile duine a’ tarraing air an aon ràmh**. Bhiodh an Rìgh fhèin na bhritheamh. Dhèanadh e fhèin an co-dhùnadh.

Chuala an fheadhainn ann an Whitby argamaidean eadar an dà sgioba. Bha manach Northumbrianach, Wilfrid, a’ seasamh cùis nan Ròmanach. Bha Easbaig Lindisfarne – Colman – Gàidheal Èireannach a lean air Fìonan anns an dreuchd sin – a’ seasamh beachd nan Ceilteach.

Thuirt Colman gum b’ fheàrr leis a bhith a’ leantainn Chaluim Chille. Bha esan air a bhith dìleas do dhìleab Naoimh Eòin. Chuir Wilfrid an aghaidh sin, ag ràdh gun robh esan dìleas do Pheadar a fhuair iuchraichean Nèamh bho Chrìosd. Aig a’ cheann thall, dh’aontaich Rìgh Oswiu ri Wilfrid agus na Ròmanaich.

Ro-làimh, bha a h-uile duine air aontachadh gabhail ri co-dhùnadh an Rìgh. Ghluais Northumbria na bu dlùithe ri dòighean na Ròimhe agus ris a’ chuid a bu mhotha dhen Eaglais. Chaill Lindisfarne cliù agus cumhachd.

Ghabh Colman ris gun do chaill e, ach cho-dhùin e nach b' urrainn dha an dòigh Ròmanach **a chur an sàs**. Dh'fhàg e Lindisfarne agus thill e a dh'Alba.

Chuir e eaglaisean ùr air chois ann an Alba. Chaidh e a dh'Eilean Ì agus an uair sin thill e a dh'Èirinn. Chuir e manachainn air chois ann an Innis Bò Finne far taobh an iar na h-Èireann.

Chailleadh Colman an argamaid a thaobh na Càisge anns an Eaglais 'Cheiltich' cuideachd. Bhiodh na h-eaglaisean uile, air taobh an iar na Roinn Eòrpa, a' leantainn na h-aon dòigh airson ceann-latha na Càisge a chomharrachadh. Ach, tro thìde, bhiodh atharrachadh anns a' mhìosachan fon Phàp Griogar. Agus bhiodh sgaradh ùr ann. Ach 's e sgeul eile a tha sin!

* * * * *

Faclan na Litreach: A' Chàisg: *Easter*; cleachdaidhean: *practices*; aontaichte: *agreed*; briteamh: *judge*; manach: *monk*; Innis Bò Finne: *Inishbòfin*; chailleadh: *would lose*.

Abairtean na Litreach: rinn muinntir nan Eaglaisean Crìosdail co-dhùnadh cudromach: *the people of the Christian Churches made an important decision*; dh'aontaich iad mar a bhiodh iad a' tomhas cuin a bhiodh a' Chàisg ann: *they agreed how they would calculate when Easter would be*; bhite a' cumail na Càisge air a' chiad Didòmhnaich an dèidh na gealaich làn: *they would hold Easter on the first Sunday after the full moon*; an dèidh co-fhad-thràth an Earraich: *after the Spring equinox*; bha diofaran ann eatarra, ge-tà: *there were differences between them, however*; an latha air an tuiteadh X: *the day on which X would fall*; an còigeamh latha fichead dhen Mhàrt: *25th March*; a' seasamh beachd nan Ceilteach: *I representing the opinion of the Celts*; gum b' fheàrr leis a bhith a' leantainn Chaluum Chille: *that he would prefer to follow Saint Columba*; dìleas do dhìleab Naoimh Eòin: *loyal to the legacy of Saint John [the Apostle]*; do Pheadar a fhuair iuchraichean Nèamh bho Chrìosd: *to Peter who received the gates to Heaven from Christ*; na bu dlùithe ri dòighean na Ròimhe agus ris a' chuid a bu mhotha dhen Eaglais: *closer to the ways of Rome and to the majority of the Church*; chaill Lindisfarne cliù agus cumhachd: *Lindisfarne lost status and power*; ghabh Colman ris gun do chaill e: *Colman accepted that he [had] lost*; thill e a dh'Èirinn: *he returned to Ireland*; taobh an iar na Roinn Eòrpa: *western Europe*; tro thìde bhiodh atharrachadh anns a' mhìosachan fon Phàp Griogar: *in time there would be a change in the calendar under Pope Gregory*.

Puing-chànain na Litreach: cho-dhùin e nach b' urrainn dha an dòigh Ròmanach **a chur an sàs**: *he concluded that he could not implement the Roman way. At first sight, this might seem a strange idiom. An sàs is used to mean 'entangled, stuck'. Tha a' chaora an sàs san dris 'the sheep is stuck in the bramble bush'; a bheil an acair an sàs? 'is the anchor holding?' Idiomatically, it is also used for 'involved in'. Tha i an sàs ann am poilitigs 'she is involved in politics'. And also as an equivalent to the verb 'implement'. Chuir e na riaghailtean ùra an sàs sa mhionaid 'he implemented the new rules immediately'.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: Bha e ag iarraidh gum biodh **a h-uile duine a' tarraing air an aon ràmh**: *he was wanting everyone to pull on the same oar [to work together, to the same aims]*.

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinachadh le MG ALBA